

Stiùireadh airson luchd-campaigh agus luchd carbadan-còmhnaidh *Guidelines for campers and caravan users*

Tha an stiùireadh a leanas air a thoirt seachad leis a' cholaiste mar chuideachadh, agus air am bu chòir dha dhaoine a bhith mothachail ro-làimh ma tha iad an dùil teantaichean agus carbad-còmhnaidh a thoirt air an làraich:

The college offers the following guidelines as assistance; students should make themselves familiar with these guidelines before caravans and tents are brought to the campus.

- Chan e làrach campaidh a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus, mar sin, chan eil goireasan iomchaidh againn airson teantaichean is carbadan-còmhnaidh. Tha sinn deònach beachdachadh air leigeil ri carbadan-còmhnaidh tighinn air làrach na Colaiste **le feadhainn a tha a' frithealadh chùrsaichean** aig amannan far a bheil na h-àiteachan-fuirich làn;

*Sabhal Mòr Ostaig is not an official campsite and as such we do not have dedicated facilities for tents and caravans. We are willing to consider allowing caravans to come to the college campus **by those who are attending our courses** at times when the college accommodation is fully booked.*

- Tha an t-uallach airson teàrainteachd agus slàint' is sàbhailteachd a' tighinn air luchd cleachdaidh nan teantaichean agus carbadan-còmhnaidh fhèin fhad 's a bhios iad air an làraich. Feumar cuideachd gabhail ris mus tig iad NACH E làrach campaidh a th' anns a' cholaiste agus NACH EIL goireasan iomchaidh ann da rèir;

Campers and caravan users are responsible for their own health, safety and security whilst on the campus. Campers and caravan users must also accept that this IS NOT a campsite and that we DO NOT have dedicated camping or caravan facilities.

- Tha e riatanach gun tèid leigeil fhaicinn ro-làimh do riochdairean nan cùrsaichean goirid ma tha nach sam bith an dùil fuireach ann an carbad-còmhnaidh. Nì a' cholaiste a dìcheall coinneachadh ri gach iarrtas ach chan eil cinnt sam bith gun tèid àite parcaidh iomchaidh a lorg, oir tha làrach na colaiste an còmhnaidh trang le carbadan nan oileanach is an luchd-obrach agus gu h-àraidh tro mìosan an t-samhraidh;

You are required to inform the short course department if you intend to stay in a caravan. While the college will do its utmost to meet each request for a caravan space, we cannot guarantee that an appropriate space can be found, as the college campus is always busy with employee and student vehicles - particularly during the summer months.

- Ma tha neach le carbad-còmhnaidh an dùil ceangal a dhèanamh ri siostam dealan na colaiste, thoiribh an aire nach eil goireasan iomchaidh air an làraich airson a leithid. Ma tha an carbad-còmhnaidh faisg air togalach agus an uidheamachd freagarrach na chois, **feumar cead na colaiste a shireadh airson ceangal dealain a dhèanamh am broinn an togalaich aig cosgais de £5 airson leth-latha obrach fad madainn (8.00m-12.00f) no fad feasgar (2.00f-6.00f). Ma tha ceangal a dhìth fad na h-oidhche, cosgaidh e £10 gach turas.** Feumar seo a chur air dòigh ro-làimh is a phàigheadh ri sgioba nan cùrsaichean goirid aig àm clàraidh nan cùrsaichean gach seachdain;

Be aware that dedicated electric hook-ups for caravans are not available at the college. However, if a caravan with appropriate connections is located close to the college, a request can be made to connect the caravan to a college building at a cost of £5 per half working-day: morning (8am to 12pm) or afternoon (2pm to 6pm). If an electric connection is needed through the night, the cost will be £10 per night. This must be arranged with the short course team at the time of Monday morning registration, and paid beforehand.

- Chan fhaodar air dòigh sam bith feuchainn ri cuidhteas fhaighinn de dh'òtrachas nan carbadan-còmhnaidh tro siostam òtrachais na colaiste fhèin. Feumar nan tancaichean fhalmhachadh aig àiteachan iomchaidh airson a leithid air falbh bhon cholaiste;

Under no condition may caravan sewage waste be disposed of at the college.

- Tha e riatanach gun tèid leigeil fhaicinn ro-làimh ri riochdairean nan cùrsaichean goirid ma tha nach sam bith an dùil teanta a chleachdadh. Thèid fios a chumail air càit' am bu chòir an teanta a chur suas agus air na puingean a leanas:

You are required to inform the short course department if you intend to stay in a tent. You will be advised as to where the tent should be placed, as well as on the following points:

- Tha smocadh toirmisgte sna teantaichean.

Smoking in tents is strictly forbidden.

- Feumaidh luchd-campaigh co-dhiù 6m (20ft) de bheàrn fhàgail eadar na teantaichean 'nuair a bhios iad a' dol suas tron deireadh-sheachdain..

Campers must leave at least 6m (20ft) between tents.

- Tha goireasan taighean-beaga rim faotainn fad an latha 's a dh'oidhche air seann làrach na Colaiste aig Àrainn Ostaig. Thoiribh an aire gur e goireasan airson muinntir na colaiste air fad a tha seo a tha ri taobh An Talla Mhòir agus a bhios a' fàs gu math trang 'nuair a bhios tachartasan a' dol san Talla. Chan eil goireas fras ri fhaotainn an seo;

Toilets are available throughout the day and night on the old campus, Àrainn Ostaig. Please be aware that these facilities are available to all users of the college, and can be particularly busy due to their

location near the Talla Mòr, where events are frequently held. Showering facilities are not available at Àrainn Ostaig.

- Faodar fras a ghabhail sa Phrìomh Thogalach aig Àrainn Chaluim Chille a tha fosgailte eadar 8.00m is 10.00f gach latha.

Showering facilities are available in the main building at Àrainn Chaluim Chille, and are open between 8am and 10pm each day.

- Airson adhbharan slàint' is sàbhailteachd, chan eil e ceadichte teine no BBQ a lasadh ri taobh teanta no carbad-còmhnaidh air làrach na colaiste. Ma thèid a leithid fhaicinn leis an luchd gleidhidh, thèid iarraidh a chur às. Tha cothrom air biadh a cheannach tron latha bhon cholaiste fhèin agus 's urrainnear BBQ a lasadh taobh a-staigh an amharclann cloiche **a-mhàin** a tha air beulaibh a' Phrìomh Thogalach;

*For reasons of health and safety, BBQs and camping stoves may not be used next to tents or caravans. In the instance that they are used, we will ask that any such barbecues or fires be extinguished. Food may be purchased throughout the day at the college, and BBQs/stoves may be used in the stone amphitheatre **only**, which is located behind the main building.*

- Feumar sgudal a chruinneachadh agus a chur dhan na binichean air feadh na colaiste, agus leis an t-àite air fhàgail mar a bha as dèidh dhan teanta a leagail aig deireadh a' chùrsa.

Refuse must be collected and placed in the bins located throughout the college and its campus, and all camping and caravan sites must be left in the same state in which they were found.

- Tha siostaman teàrtaiteachd air na h-àitichean-fuirich a-nis agus mar sin cha b' urrainn do luchd-campaidd cidsinean no seòmraichean-suidhe a chleachdadh san toglaichean àite-fuirich. Faodar am portacabin "Comunn nan Oileanach" aig Àrainn Ostaig (AO) a chleachdadh, anns a bheil àmhainn microwave, fuaradair, since agus taigh-beag. Chan eil cucar ann, agus chan eil e ceadichte stòbha so-ghiùlan a chleachdadh taobh a-staigh an togalaich idir.

Campers will not have access to kitchens and common rooms within accommodation blocks. Campers will, however, have access to the Comunn nan Oileanach common-room portacabin at Àrainn Ostaig, which is equipped with a microwave, a small fridge, a sink and toilet. Please note there is no cooker, and portable camping stoves must not be used inside the building at any time.

às ùr – an t-luchar 2016
updated – July 2016